



Leasan 22: Sgoil agus Beurla nuair a bha am fiosraiche òg

An t-Urramach Tormod Dòmhnallach (1904-1978) a' bruidhinn ri Calum MacIllEathain
(Sgoil Eòlais na h-Alba)

Air a chlàradh ann an 1953

Faid: 00:02:23



<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/2650/1>

Tar-sgrìobhadh

An t-Urr. Tormod Dòmhnallach (TD): Agus na boireannaich gu sònraichte, cha robh guth Beurla idir aca, agus 's e sin a b' fheàrr uile¹. Agus na fir, bha beagan Beurla aig a' chuid bu mhotha dhiubh, agus am beagan a bh' aca, bha i cothromach. Bha i math.

Calum Iain MacIllEathain (CM): Ciamar a bha iadsan a' faighinn na Beurla barrachd air na boireannaich? A chionn 's gun robh iad a' falbh a' seòladh, no a' falbh gu fèilltean, no...?

TD: Bha dà adhbhar air an sin. Anns an latha anns an robh iad beag, bha mar gum bitheadh barrachd strì air a dhèanamh airson a' bheag no mhòr de sgoil a thoirt do na gillean. Bha fios glè mhath aig na pàrantan gum feumadh iad falbh às aonais na dùthcha a chosnadh an lòin, agus nach dèanadh iad feum gun Bheurla agus beagan sgoile, agus nan gabhadh e idir dèanamh bha iad a' dèanamh strì airson beagan sgoile a thoirt dhaibh. Anns an latha a bha siud, tha sibh a' tuigsinn, dh'fheumadh na pàrantan pàigheadh. Dh'fheumadh na pàrantan pàigheadh airson na sgoile agus airson nan leabhraichean. Agus mar sin, bha na gillean a' faighinn a' bheag no mhòr de sgoil. Ach na h-igheanan, bha iadsan co-dhiù a' fuireach aig a' bhaile, 's aig an dachaigh, 's cha robh iad... an linn a bh' ann an siud cha robh iad a' falbh idir. 'S bha iad a' smaoinichadh, mar sin, nach robh feum aig na h-igheanan air Beurla no air sgoil ann.

Agus bha an t-adhbhar seo a-rithist ann: a' chuid dhe na gillean nach robh a' faotainn na sgoile, nuair a bha iad a' dol a-mach a dh'ionnsaigh na Galltachd, bha an inntinn geur agus fosgailte, agus bha iad a' togail na Beurla gun saothair.

Sin an dà adhbhar airson gun robh a' Bheurla aig na fir. Ach ma bha a' Bheurla aig na fir a bha ann an sin, 's beag a dh'aithnicheadh sibh air an Gàidhlig, gun robh i aca. Cha robh guth dhen a' Bheurla ga chur am measg na Gàidhlig. Bha a' Ghàidhlig aca gu slàn agus gu fallain.

¹ Na bu tràithe dhen chlàradh, nach cluinnear an seo, bha an t-Urramach Tormod Dòmhnallach a' bruidhinn air ìre na Gàidhlig aig na daoine, agus tha e a' ciallachadh an seo gun robh Gàidhlig na b' fheàrr aig na boireannaich a chionn agus nach robh Beurla idir aca.